

Tha an lagh air tabhartasan buill agus stuth bodhaig ag atharrachadh bho fhoghar 2020 - tha a' bhileag-fiosrachaidh seo a' mìneachadh nan roghainnean.

Carson a tha an lagh a thaobh tabhartas ball-bodhaig ag atharrachadh ann an Alba?

Tha barrachd air 550 duine a' fuireach ri tar-phlanntachadh buill-bhodhaig ann an Alba aig àm sam bith 's ri linn sin, tha e cudromach gun dèan sinn ar dìcheall airson beatha nan daoine a tha a' fuireach ri tar-phlanntachadh a leasachadh is a shàbhaladh.

Chaochail barrachd air 58,000 duine ann an Alba ann an 2018 ach bhiodh buill-bhodhaig iomchaidh airson tar-phlanntachadh aig nas lugha na 1% dhiubh an cois adhbharan an cuid bàis.

Dè tha ag atharrachadh?

Thig atharrachadh air an lagh a tha a' ciallachadh gum bithear, san rian ùr, a' cur mar fhiacham gun deach cead a thoirt airson tar-phlanntachadh. 'S e rian "ro-aonta" a chanar ris a leithid a ghnàth.

Tha seo a' ciallachadh gun cur an lagh mar fhiacham gu bheil thu deònach buill is stuth do bhodhaig a thoirt mar thabhartas nuair a chaochlas tu dìreach mar gun robh thu a' toirt cead airson an toirt seachad, fiù mura do chuir thu an cèill gu bheil thu airson a bhith nad thabhartaiche – mar eisimpleir le bhith a' clàradh seo air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaig SNS.

Cò air a bheir an t-atharrachadh seo buaidh?

Bidh buaidh air a' chuid as motha de dh'inbhich ann an Alba ach cha bhi e a' buntainn ris na buidhnean a leanas:

- Daoine fo aois 16
- Daoine aig nach eil comas tuigsinn na tha an rian ùr a' ciallachadh agus nach urrainn ceumannan sònraichte a ghabhail
- Daoine a bha a' fuireach ann an Alba airson nas lugha na 12 mìos mus do chaochail iad.

Dè dh'fheumas mi dèanamh?

Mura do rinn thu seo mu thràth, bu chòir dhut co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh tabhartas bhall-bodhaig agus an co-dhùnadh seo a chlàradh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaig SNS agus innse dha do theaghlach is do charaidean dè an co-dhùnadh a rinn thu airson 's gun urrainn dhaibh dèanamh cinnteach gun gèillear ris.

Ma tha thu deònach buill is stuth do bhodhaig a thoirt mar thabhartas

'S urrainn dhut do cho-dhùnadh a chlàradh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaig SNS

air loidhne aig www.organdonationscotland.org/yes

no le bhith a' cur fòn gu **0300 303 2094**

Mur eil thu deònach buill is stuth do bhodhaig a thoirt mar thabhartas

'S urrainn dhut do ro-aonta a thoirt air falbh le bhith a' clàradh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaig SNS nach eil thu airson a bhith nad thabhartaiche

Air-loidhne aig: www.organdonationscotland.org/no

no le bhith a' cur fòn gu **0300 303 2094**

Ma rinn thu clàradh mu thràth 's ma tha thu airson

- am mion-fhiosrachadh agad ùrachadh
- do cho-dhùnadh ath-dhearbhadh
- innse gu bheil thu airson do ro-aonta a thoirt air falbh a-nis

's urrainn dhut seo a dhèanamh aig:

www.organdonationscotland.org/update

no le bhith a' cur fòn gu **0300 303 2094**



**Healthier
Scotland**
Scottish
Government

Dè thachras mura dèan mi dad?

Aon uair 's gum bi an rian ùr an sàs, mur eil thu am measg nam buidhnean air nach bi buaidh agus ma chaochlas tu ann an suidheachadh a bhios iomchaidh airson buill-bhodhaig a thoirt seachad is mura do chlàraich thu do cho-dhùnadh, tuigear bho sin gu bheil thu deònach a bhith nad thabhartaiche nuair a chaochlas tu. Ge be dè do cho-dhùnadh agus co-dhiù a chlàraich no nach do chlàraich thu seo, tha e cudromach innse dha do theaghlach dè do mhiann.

Ma tha stiùireadh sònraichte agad a thaobh dè buill is stuth bodhaig a bu toil no nach bu toil leat toirt mar thabhartas, bu chòir dhut am fiosrachadh seo a thoirt seachad nuair a chlàraicheas tu do cho-dhùnadh air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaig SNS.

An ann aig an Riaghaltas a bhios buill is stuth mo bhodhaig mura toir mi air falbh an ro-aonta?

Chan ann. 'S e gnìomh fialaidheachd mhòr a bhios ann an tabhartas ball is stuth bodhaig an-còmhnaidh. Tha modhan smachd san rian a nì cinnteach nach tèid tabhartas a dhèanamh a bhiodh an aghaidh do mhiann.

Am bi làmh aig mo theaghlach mura do rinn mi co-dhùnadh a thaobh tabhartas bhall-bodhaig?

Bruidhnear ri teaghlach cuideigin a dh'fhaodadh a bhith na t(h)abhartaiche an-còmhnaidh a thaobh buill-bhodhaig is stuth-bodhaig a thoirt mar thabhartas. Air an dòigh seo, 's urrainnear dèanamh cinnteach gur e an co-dhùnadh mu dheireadh agad a tha air Clàr Tabhartaichean Bhall-bodhaig SNS. Mura do chlàraich thu fhèin do cho-dhùnadh, thèid faighneachd dhe do theaghlach dè am beachd a bha agad air a' chùis gus dèanamh cinnteach nach biodh seo an aghaidh do mhiann.

Am b' urrainn dha mo theaghlach cur an aghaidh mo cho-dhùnadh?

Gèillear ri do cho-dhùnadh-sa, ge be dè th' ann, agus chan urrainn dha do theaghlach cur na aghaidh. Faighnichear dhe do theaghlach is dhe do dhlùth-charaidean an-còmhnaidh dè am beachd mu dheireadh a bha agad air a' chùis air eagal 's gun do chuir thu romhad sin atharrachadh.

Dè na deuchainnean meadaigeach a nithear mus gabh ball-bodhaig a thoirt mar thabhartas?

Feumar ball-bodhaig a thoirt seachad gu luath an dèidh bàis agus ri linn sin, nithear cuid a dheuchainnean a ghnàth a dhèanamh cinnteach gum biodh tar-phlanntachadh sàbhailte dhan neach a gheibh e agus airson 's gum bi àrdachadh cothroman soirbheachais aig an iomairt. Tha iad seo a' gabhail a-staigh deuchainnean fala, deuchainnean fuail agus x-ghathan a ghnàth.

Gheibh thu barrachd fiosrachaidh mu dhèidhinn tabhartas bhall-bodhaig is stuth-bodhaig 's na roghainnean agad aig organdonationscotland.org

Mura faigh thu freagairt air an làrach-lìn no ma bhios tu ann an imcheist fhathast, cuir fòn chun na loidhne-taice airson barrachd fiosrachaidh: 0300 303 2094



**Healthier
Scotland**
Scottish
Government